


DRAFT

PLANA GÀIDHLIG

2025–30

A' dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig nas fhaicsinniche, gum bithear a' cur barrachd luach innte agus gum bi i nas ruigsinniche — a' dèanamh cinnteach gun soirbhich i mar phàirt den chruth-tìre chultarach againn anns a bheil iomadachd is ion-ghabhaltas.



FACAL-TÒISEACHAIDH

Is e seo an dàrna Plana Gàidhlig aig Comhairle Lodainn an Ear. Tha e a' mìneachadh nam miannan againn airson na Gàidhlig thairis air an ath chòig bliadhna, gu 2030. Tha e a' togail air a' chiad Phlana Ghàidhlig againn, airson 2020-2025, agus e ag aithneachadh miann riaghaltas na h-Alba gus àrdachadh fhaicinn san àireimh dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic dhan Ghàidhlig.

Tha e na rùn aig Comhairle Lodainn an Ear Gàidhlig a dhèanamh nas fhaicsinniche, gum bithear a' cur barrachd luach innte agus gum bi i nas ruigsinniche — a' dèanamh cinnteach gun soirbhich i mar phàirt den chruth-tìre chultarach againn anns a bheil iomadachd is ion-ghabhaltas.

Thathar ag aithneachadh gun d' rinneadh deagh adhartas air feadh na h-Alba le cleachdadh is brosnachadh na Gàidhlig anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh. Bho 2011, tha àrdachadh mòr air tighinn air an àireamh de dhaoine le sgilean Gàidhlig ann an Lodainn an Ear. Tha seo air tachairt aig an aon àm 's a tha Lodainn an Ear air a bhith air aon de na sgìrean as luaithe a tha a' fàs ann an Alba.

Tha grunn dhùbhlann mu choinneamh na Gàidhlig fhathast, ge-tà, agus sin as adhbhar gum feum buidhnean leithid Comhairle Lodainn an Ear taic a chumail ri co-oidhirpean gus dèanamh cinnteach gum bi an cànan seasmhach san ùine fhada.

Chaidh am Plana Gàidhlig ùr ullachadh ann an co-theacsa Achd na Gàidhlig (Alba) agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28. Tha seo a' cur an cèill gu soilleir gu bheil brosnachadh na Gàidhlig na uallach co-roinnte agus gu bheil àireamh nach beag de dh'ùghdarrasan ionadail agus de bhuidhnean poblach a' cur gu mòr ri taic dhan chànan.

Tro dhòigh obrach com-pàirteachaidh a' gabhail a-steach barrachd pàirteachadh coimhearsnachd, tha sinn a' creidsinn gun urrainn dhuinn togail air an adhartas a rinneadh sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh le bhith a' cumail oirnn a' cur ri solar Gàidhlig ann an Lodainn an Ear ann an dòigh cho-rèireach. Cuidichidh am plana seo sinn gus na miannan agus na h-amasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a choileanadh.



Laurence Rockey

Àrd-oifigear

Comhairle Lodainn an Ear

CLÀR-INNSE

	Taobh-duilleig
GEÀRR-CHUNNTAS	4
Caibideil 1 RO-RÀDH	5
• Am Plana Gàidhlig	7
• Comhairle Lodainn an Ear	9
• Gàidhlig ann an Lodainn an Ear	10
• A’ cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an Gnìomh	15
Caibideil 2 GEALLTANASAN	16
• Dearbh-aithne agus inbhe	17
• Conaltradh	18
• Foillseachaidhean	22
• Luchd-obrach	25
• Togail agus Cleachdadh na Gàidhlig	29
Caibideil 3 BUILEACHADH AGUS DEARCNACHADH	37
FIOS CONALTRAIDH	38

GEARR-CHUNNTAS

Dh'aithnich a' chiad phlana Gàidhlig aig Comhairle Lodainn an Ear, airson 2020-25, gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba.

Ged a tha grunn iomairtean agus eadar-theachdan air a bhith ann aig an ìre nàiseanta gus an cànan a dhèanamh seasmhach – le fòcas air a bhith a' neartachadh na h-inbhe aige, a' brosnachadh a bhith ga thogail agus a' cur ri a chleachdadh – agus ged a rinneadh adhartas aig an ìre ionadail ann an Lodainn an Ear, tha a' chomhairle ag aithneachadh gu bheil suidheachadh a' chànain fhathast cugallach.

Bho chaidh am Plana Gàidhlig mu dheireadh againn fhoillseachadh, tha cuingealachaidhean nach beag air a bhith ann a tha a' toirt buaidh air libhrigeadh sheirbheisean aig riaghaltas ionadail. A bharrachd air a bhith a' dèiligeadh ri galar lèir-sgaoilte COVID-19, tha grunn dhùbhlann ionmhais, eaconamach agus deamografach eile air a bhith ann a tha cuideachd air buaidh a thoirt air goireasan na comhairle agus libhrigeadh sheirbheisean poblach ro-chudromach.

Mar sin, 's e cothrom a th' anns an dàrna Plana Gàidhlig againn gus spionnadh ùr a thoirt dhuinn gus dèanamh cinnteach gu bheil Comhairle Lodainn an Ear a' coileanadh dleastanas cudromach, agus i ag obair ann an com-pàirteachas le feadhainn eile sa choimhearsnachd againn, ann a bhith ag àrdachadh àireamh nan daoine a bhios a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic dhan Ghàidhlig agus cuideachd a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil spèis cho-ionnan ann dhan chànan.

Tha e na chothrom a bhith a' mìneachadh nan gealltanasan againn agus gus dèanamh cinnteach gu bheil na structaran is iomairtean againn gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Chaidh am Plana Gàidhlig seo a dheasachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28 is air stiùireadh co-cheangailte. Ann a bhith a' dèanamh sin, tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Is e lèirsinn a' Phlana Ghàidhlig againn:

Tha e na rùn aig a' chomhairle Gàidhlig a dhèanamh nas fhaicsinniche, gum bithear a' cur barrachd luach innte agus gum bi i nas ruigsinniche — a' dèanamh cinnteach gun soirbhich i mar phàirt den chruth-tìre chultarach againn anns a bheil iomadachd is ion-ghabhaltas.

'S iad seo na prìomh eileamaidean anns a' Phlana Ghàidhlig againn:

Caibideil 1 – RO-RÀDH

Tha a’ chaibideil seo a’ mìneachadh cùl-fhiosrachadh agus co-theacsa co-cheangailte ri deasachadh a’ Phlana Ghàidhlig againn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus mu structar prìomh raointean obrach Comhairle Lodainn an Ear. Tha e cuideachd a’ toirt seachad geàrr-chunntas air cleachdadh na Gàidhlig ann am Lodainn an Ear.

Tha e a’ mìneachadh mar a tha sinn an dùil cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann am planadh agus lìbhrigeadh sheirbheisean agus mar a bheir sinn aire dhan Ghàidhlig agus dhan Phlana Ghàidhlig againn nuair a bhios sinn a’ cruthachadh phoileasaidhean ùra agus a’ beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 2 – GEALLTANASAN

Sa chaibideil seo, tha sinn a’ mìneachadh mar a chleachdas Comhairle Lodainn an Ear a’ Ghàidhlig agus mar nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach a thaobh nam prìomh raointean obrach againn.

Tha na gealltanasan air an cur fo amasan ro-innleachdail - a’ cur ri cothroman com-pàirteachaidh coimhearsnachd, seasmhachd foghlam Gàidhlig (FtG), adhartas le Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) agus barrachd faicsinneachd aig goireasan is stuthan Gàidhlig; agus tha gach gealltanais a’ co-thaobhadh ri co-dhiù aon de na seachd raointean prìomhachais a tha air an cur an cèill ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.

Tha i a’ coimhead air raointean obrach mar dhearbhadh-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a’ phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn. Tha a’ chaibideil seo a’ mìneachadh na h-ìre de Ghàidhlig a tha sinn a’ gealltainn a sholarachadh rè beatha a’ Phlana.

Caibideil 3 – BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Tha a’ chaibideil seo a’ mìneachadh mar a thèid am plana Gàidhlig againn a chur an gnìomh, agus mar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh agus toraidhean.

1. RO-RÀDH

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (An Achd)

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

Tha an Achd a' togail air agus a' suidhe ri taobh cheumannan eile gus taic a chumail ri còraichean mhion-chànanan, a' gabhail a-steach: Dearbhadh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Dhaoine a Bhuineas do Mhion-sluaighean Nàiseanta no Cinnidheach, Creideimh agus Cànanach (1992); agus, Cairt Eòrpach Comhairle na h-Eòrpa air Cànanan Roinneil no Mion-chànanan (1992).

Stèidhich an Achd Bòrd na Gàidhlig mar bhuidheann phoblach neo-roinneil ghnìomhach a tha cunntachail tro Mhinistearan do Phàrlamaid na h-Alba, leis an dleastanas a bhith a' cur air adhart leasachadh na Gàidhlig agus a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba air cùisean na Gàidhlig. Fon Achd, feumaidh Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus tha an Achd cuideachd a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh is fhoillseachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-iomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' toirt fios oifigeil do dh'ùghdarrasan poblach ag innse dhaibh cuine a dh'fheumas iad am Plana aca ullachadh agus le fiosrachadh mu na h-amasan àrd-ìre a bu chòir a bhith air an coileanadh leis a' Phlana.

Plana Gàidhlig Lodainn an Ear 2020-25

Bha am plana Gàidhlig mu dheireadh aig Comhairle Lodainn an Ear airson na h-ùine 2020-2025. Chaidh ullachadh a rèir an fhios oifigeil bho Bhòrd na Gàidhlig sa Chèitean 2018 gum feumadh a' chomhairle plana Gàidhlig reachdail ullachadh fo fhrèam-obrach na h-Achd. Bha am plana ag amas air amasan seirbheis corporra agus seachd amasan àrd-ìre a choileanadh fo thrì cinn a rèir amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23:

A' cleachdadh na Gàidhlig - thoir taic do bhuidhnean co-cheangailte ri Gàidhlig agus a cultar a tha ann mar-thà agus do bhuidhnean ùra ann an Lodainn an Ear gus cuideachadh le bhith a' cur ri ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig.

A' brosnachadh na Gàidhlig - gabh ris an dleastanas a tha air a mhìneachadh ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gus solar a dh'fhaodadh a bhith ann airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a bhrosnachadh do luchd-còmhnaidh Lodainn an Ear ann an dòigh a tha i a' meas iomchaidh, a' gabhail a-steach an cothrom a tha ann fon Achd seo do phàrantan gus iarraidh gun tèid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh.

Aon uair 's gu bheil e air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig, broснаich am plana agus na prìomh gheallaidhean do luchd-còmhnaidh sgìre na comhairle.

Cuir beagan mun Ghàidhlig agus a cultar ann am foghlam a tha Comhairle Lodainn an Ear a' toirt seachad, leis an amas barrachd dhaoine òga a thàladh gu bhith ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig.

Ag ionnsachadh na Gàidhlig - a' tòiseachadh còmhraidh le co-bhanntachd Ionnsachadh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS), le dùil Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a stèidheachadh taobh a-staigh sgìre na comhairle rè beatha a' phlana.

Thoir taic do theaghlaichean agus buidhnean de theaghlaichean taobh a-staigh sgìre na comhairle gus cothrom fhaighinn air cothroman airson solar tràth-bhliadhnaichean agus/no solar bun-sgoile na Gàidhlig.

Thoir taic agus brosnachadh do chothroman ionnsachaidh Gàidhlig airson inbhich ann an sgìre Comhairle Lodainn an Ear, a' gabhail a-steach conaltradh gnìomhach agus leantainneach le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh.

Fon Achd, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire nam buidhnean/daoine uile aig a bheil ùidh sa chùis. Tha Comhairle Lodainn an Ear air co-chonaltradh a dhèanamh mar-thà air an dreachd Plana Gàidhlig agus tha i air na beachdan a chaidh a thoirt dhi tron phròiseas co-chomhairleachaidh a thoirt fa-near.

A' cruthachadh Plana Gàidhlig Lodainn an Ear 2025-30

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28 a' mìneachadh nam prìomhachasan làithreach airson leasachadh na Gàidhlig: Tha e a' cur air adhart lèirsinn airson: 'Leudachadh a ghabhas tomhas san àireimh dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic dhan Ghàidhlig.' Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig ag amas air togail air na soirbheasan sna bliadhnaichean roimhe agus a' mìneachadh cothroman, tha e a' sealltainn far a bheil grunn dùbhlann fhathast ann dhan Ghàidhlig.

Tha e a' cur air adhart liosta de ghrunn raointean prìomhachais far an gabh adhartas a dhèanamh le bhith a' meudachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig. Thathar ag iarraidh air ùghdarrasan poblach an toirt fa-near nuair a bhios iad a' deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

Is iad na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh:

- **Taic coimhearsnachd**
- **Taic san dachaigh**
- **Gnìomhachasan cruthachail**
- **Gnìomhachas agus an eaconamaidh**
- **Ùghdarrasan poblach**
- **Foghlam 0-18**
- **Ionnsachadh inbheach agus às dèidh sgoile**

Agus sinn mothachail orra seo uile, chaidh Plana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Ear 2025-2030 a chruthachadh le fòcas air ceithir amasan ro-innleachdail - barrachd chothroman com-pàirteachaidh coimhearsnachd, seasmachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus a bhith a' toirt air adhart Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) agus barrachd faicsinneachd aig goireasan agus stuthan Gàidhlig.

Chaidh buidheann-obrach a stèidheachadh air an taobh a-staigh le riochdachadh bho phrìomh sheirbheisean na comhairle gus cur ri ullachadh Plana Gàidhlig Lodainn an Ear airson 2025-2030. Tha a' bhuidheann-obrach air feart a thoirt air adhartas le coileanadh nan gnìomhan sa Phlana Ghàidhlig mu dheireadh, a bharrachd air an fhrèam reachdail mar a tha air a mhìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (An Achd) agus ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.

Mu Chomhairle Lodainn an Ear

'S e Lodainn an Ear tè de na sgìrean as grinne ann an Alba. Tha i mu 270 mìltean ceàrnach uile gu lèir le mu 43 mìltean de chosta. Tha e a' sìneadh bho Bhaile nam Feusgan, am baile as motha, gu sear gu Dùn Bàrr agus gu a chrìoch le Crìochan na h-Alba. Is iad na prìomh bhailtean eile ann an Lodainn an Ear Haddington, Tranent, Bearaig a Tuath agus Prestonpans. Thathar a' togail baile ùr aig Blindwells, tuath air Tranent aig an àm seo.

Tha Lodainn an Ear air aon de na sgìrean as luaithe a tha a' fàs ann an Alba. A rèir Tuairmsean Àireamh-shluaigh na h-Alba airson Meadhan 2023, bha 113,740 duine a' fuireach ann an Lodainn an Ear.

Tha Plana Comhairle Lodainn an Ear 2022-2027 a' leantainn air adhart air an t-slighe gus ar lèirsinn a choileanadh airson Lodainn an Ear a bhios nas soirbheachaile, nas sàbhailte agus nas seasmhaiche na tha e mar-thà, le eaconamaidh bheothail is shoirbheachail, a bheir cothrom do na daoine agus do na coimhearsnachdan againn soirbheachadh. Tha ceithir amasan cuspaireil aig Plana na Comhairle - A' toirt Fàs air an Eaconamaidh againn, A' toirt Fàs air na Daoine againn, A' toirt Fàs air na Coimhearsnachdan againn, A' toirt Fàs air a' Chomas againn

Tha dà de na prìomh amasan tùsail fhathast anns a' phlana:

- **Lùghdaich bochdainn agus neo-ionannachd – a' toirt taic do na coimhearsnachdan againn gus dèiligeadh ri ìrean bochdainn agus neo-ionannachd a tha a' sìor fhàs**
- **Freagair do dh'Èiginn na Gnàth-shìde – a' coileanadh nan targaidean cothromachadh-carboin a thaobh na gnàth-thìde**

Bha treas prìomh amas aig Plana na Comhairle roimhe a thaobh galar lèir-sgaoilte COVID-19 – Ath-bheothachadh agus Ath-nuadhachadh. Tha obair a thaobh an amais seo a-nis air 'àbhaisteachadh', air a leabachadh ann am prìomh ro-innleachdan agus planaichean seirbheis.

Tha dà phrìomh oifis aig Comhairle Lodainn an Ear: Taigh Iain Muir (Haddington) agus Taigh Penston (Macmerry), agus tha iad cuideachd a' toirt seachad seirbheisean bho ghrunn thogalaichean ionadail taobh a-staigh choimhearsnachdan a bharrachd air sgoiltean.

Bha 4936 luchd-obrach aig a' chomhairle anns a' Ghearran 2025 (co-ionann ri 4,072 làn-ùine).

Rinn a' chomhairle suirbhidh luchd-obrach ann an 2023 anns an robh ceist mu sgilean Gàidhlig. Fhuair seo a-mach gun robh Gàidhlig aig 11 luchd-obrach, naoinear thidsear nam measg. Dh'aithris trì-deug luchd-freagairt, a' gabhail a-steach naoinear luchd-teagaisg, gun urrainn dhaibh Gàidhlig a leughadh, agus thuirt sianar a bharrachd, còigear nan luchd-teagaisg – gun urrainn dhaibh Gàidhlig a sgrìobhadh.

Gàidhlig ann an Lodainn an Ear

Is e a' Bheurla Ghallda seach a' Ghàidhlig as motha a bhiodh ga bruidhinn gu h-eachdraidheil ann an Lodainn an Ear. Ach, tha eisimpleirean de dh'ainmean-àite ann an Lodainn an Ear aig a bheil tùs Gàidhlig, mar eisimpleir:

- **Cuil Choinnich – Cockenzie (the neuk of Coinneach – Kenneth)**
- **Craobhbarraidh – Carberry (at the palisade)**
- **Fan Taisidh – Phantassie (at the damp slope)**
- **An Garbh-allt – Garvald (the rough burn)¹**

Bha arm nan Seumasach aig Blàr Shliabh a' Chlamhain (1745) air a dhèanamh an-àirde gu ìre mhòr de luchd-cinnidh Gàidhealach le Gàidhlig agus tha beagan shoidhnichean rathaid agus ainmean-àite dhà-chànanach ann timcheall air làrach a' bhlàir mar thoradh air ùidh ann a bhith a' comharrachadh a' bhlàir.

Ann an cunntas-sluaigh 2022, chaidh clàradh gun robh 'sgil Gàidhlig sam bith' aig 1,396 daoine - no 1.3% de shluagh sgìre Comhairle Lodainn an Ear (aois 3+). Tha seo na àrdachadh de 91.8% bho 2011.

Às na daoine seo, thuirt 634 gu bheil comas labhairt Gàidhlig aca – sin 0.6% de shluagh na sgìre agus 45.4% den fheadhainn aig an robh sgil Gàidhlig. Tha seo na àrdachadh de 58.9% bho 2011.

Thuirt 452 daoine gun robh iad comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus a leughadh ach nach robh iad comasach air Gàidhlig a sgrìobhadh (71.3% de na daoine as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn agus na àrdachadh de 106.4% bho 2011), agus bha 385 luchd-labhairt ann a bha litearra sa Ghàidhlig (60.7% de na daoine as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn a tha na àrdachadh de 122.5% bho 2022). Thuirt còig duine deug gur e a' Ghàidhlig a' phrìomh chànan aca.

A' Ghàidhlig ann am foghlam

Tha Comhairle Lodainn ag aithneachadh agus a' cur luach air a' Ghàidhlig mar phàirt dhen phlanadh ro-innleachdail agus leasachadh ionnsachadh cànan, agus a rèir Alt 30 den UNCRC (Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne), tha i a' cumail suas chòraichean nan daoine òga againn air foghlam ann an cànanan dùthchasach na h-Alba.

Tha dà phrìomh sheòrsa foghlaim Gàidhlig ann: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI).

“S e a th' ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ach ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd tro bhogadh. Tha modalan eile ag adhbharachadh lagachadh ann am fileantachd agus mar sin chan eil iad co-chòrdail ri bhith a' leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha làidir is seasmhach.” Joan Esson, Prìomh Neach-sgrùdaidh na Banrigh airson FtG, an t-Ògmhios 2015.

¹Rannsachadh le Ainmean-àite na h-Alba is Bòrd na Gàidhlig

Gu nàiseanta, tha FtG air a mhìneachadh le Foghlam Alba mar a leanas: Tha FtG stèidhichte air prionnsapal bogadh cànan. Bu chòir FtG a bhith a' gabhail a-steach nan ceithir co-theacsan anns a' Churraicealam airson Sàr-mhathais:

- feallsanachd agus beatha na sgoile mar choimhearsnachd
- raointean curraicealaim agus cuspairean
- ionnsachadh eadar-chuspaireil
- cothroman airson coileanadh pearsanta

Tha Foghlam Alba a' comhairleachadh gu làidir nach e dìreach ionnsachadh cànan a th' ann am FtG, cuideachd bithear a' libhrigeadh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig agus bidh a' Ghàidhlig aig cridhe beatha, cultar agus feallsanachd na sgoile.

Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) (2016) agus an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig a' gabhail a-steach trì prìomh mholaidhean a thaobh FtG:

1. Tha dleastanas air ùghdarrasan FtG a bhrosnachadh, agus gus taic a chumail ris
2. A' stèidheachadh pròiseas reachdail do dh'ùghdarrasan gus iarrtasan phàrantach airson FtG a mheasadh
3. A' deasachadh ullachaidhean stiùiridh reachdail airson a bhith a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean agus le ùghdarrasan

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) ann an Comhairle Lodainn an Ear

Bidh Comhairle Lodainn an Ear a' toirt seachad FtG tro aonta com-pàirteachais le Comhairle Baile Dhùn Èideann aig an àm seo. Tha rèiteachaidhean com-pàirteachais a' cumail taic ri leasachadh comas agus goireasan èifeachdach air feadh na roinne agus ri ionnsachadh àrd-ìre tro mheadhan na Gàidhlig do chloinn is do dhaoine òga. Bidh an solar seo air a phlanadh agus air a mheasadh le Comhairle Lodainn an Ear agus le com-pàirtichean ionadail le iarrtas ionadail air a mheasadh agus air a sgrùdadh mar phàirt de phlanadh leantainneach airson an àm ri teachd. Tha Comhairle Lodainn an Ear a' cumail taic ris an t-solar seo agus tha e ri fhaighinn ma nì pàrantan iarrtas. Chaidh taic agus conaltradh do phàrantan a tha airson an cuid cloinne a chur gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a chomharrachadh mar amas aig Plana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Ear agus tha seo am measg nan gnìomhan gu h-ìosal.

Ann an 2024/25 bha 22 sgoilearan bun-sgoile à Lodainn an Ear a' dol gu solar FtG ann am Baile Dhùn Èideann ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce), agus chaidh 18 sgoilean àrd-sgoile gu Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig.

Tha cothrom aig pàrantan cuideachd air Cròileagain Gàidhlig ann am Baile Dhùn Èideann tro sholaraichean com-pàirteach ann an grunn àiteachan air feadh a' bhaile.

Tha oifigearan Seirbheisean Foghlaim Comhairle Lodainn an Ear a' cumail taic ri leasachadh leantainneach air obair com-pàirteachais èifeachdach le Comhairle Dhùn Èideann agus a' stiùireadh taic do sgoiltean ann a bhith a' cur air adhart ionnsachadh na Gàidhlig

Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI)

Tha Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI) a' ciallachadh ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd ann an co-theacsa Foghlam tro Mheadhan na Beurla.

A rèir comhairle agus stiùireadh Foghlam Alba air FLI: “Ann am foghlam tro mheadhan na Beurla, tha a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den chòir a tha aig cloinn agus aig daoine òga air cànan ionnsachadh. Is e Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) a thathar a' cleachdadh mar bhriathar farsaing a tha a' gabhail a-steach an t-solair 3-18.” ([Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2](#))

Tha Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLI) a' toirt chothroman adhartach do dhaoine òga Gàidhlig ionnsachadh agus eòlas fhaighinn air cultar na Gàidhlig mar phàirt den tairgse fharsaing de chànanan tro Chomhairle Lodainn an Ear air fad. Chan eil FLI leasaichte ann an sgoiltean Lodainn an Ear, ach thathar ga phlanadh tron phròiseas Planaidh airson na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' sireadh chothroman gus cleachdadh nan goireasan Gàidhlig againn fhèin, a chruthaichheadh gu h-ionadail a bhrosnachadh, a bharrachd air goireasan nàiseanta leithid làrach-lìn agus goireasan Stòrlann 1 2 Languages, Go Gaelic (<https://go-gaelic.scot/>). Thathar a' leasachadh an raoin seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean ionadail agus nàiseanta a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, Co-bhanntachd GLPS nan ùghdarrasan ionadail, com-pàirtichean riaghaltas ionadail roinneil, ionadan foghlaim àrd-ìre agus adhartach, sgoiltean agus pàrantan.

Tro phròiseas deasachaidh a' Phlana Ghàidhlig, tha sinn air comharrachadh gu bheil feum air a bhith ag ath-stèidheachadh buidheann stiùiridh Foghlaim Gàidhlig ionadail no roinneil. Bhiodh e na amas taic a thoirt do leasachadh ro-innleachdail na Gàidhlig ann an sgoiltean agus a' gabhail a-steach prìomh oifigearan aig ùghdarrasan ionadail, tidsearan bun-sgoile agus àrd-sgoile, pàrantan agus com-pàirtichean ionadail. Thathar a' comharrachadh tidsearan aig a bheil eòlas no ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig agus thathar a' cruthachadh cothroman trèanaidh.

Cuideachd, tha sinn air comharrachadh gum feumar beachdan dhaoine òga a shireadh mar phàirt de phlanadh san àm ri teachd, a' faighinn a-mach far a bheil ùidh ann a bhith a' toirt air adhart ionnsachadh Gàidhlig agus a' coimhead air dòighean obrach agus cothroman a chumas taic ri seo, m.e solar didseatach do luchd-ionnsachaidh aig an ìre as Àirde.

A' Ghàidhlig taobh a-muigh foghlaim

Tha 36 leabhraichean ann an catalog Seirbheisean Leabharlainn Comhairle Lodainn an Ear a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Tha na leabhraichean seo ag amas an dà chuid air inbhich

is air clann. Tha 20 leabhar a bharrachd, a chaidh a thoirt dhan chomhairle mar thiodhlac, a dh'fheumas a bhith air an cur dhan chatalog. Ged nach dh'fhuaras iarrtasan sam bith gu ruige seo, nithear obair brosnachaidh gus am bi fios aig daoine gu bheil an stoc a bharrachd seo agus gus ùidh a thogail ann. Chaidh seiseanan Bookbug Gàidhlig a thoirt seachad san àm ri teachd, ach cha robh ach beagan ùidh aca annta aig an àm. Ach, bhiodh Seirbheis nan Leabharlannan deònach beachdachadh air an toirt seachad a-rithist san àm ri teachd, ma bhios na goireasan rim faighinn airson seo. Tha Bagaichean Bookbug Gàidhlig aig Seirbheis nan Leabharlann a tha rim faighinn do theaghlaichean ma dh'iarrar seo. Bidh an t-seirbheis a' brosnachadh ruigsinneachd nam bagaichean seo tron làraich-lìn agus thèid barrachd obair adhartachaidh a dhèanamh gus ùidh a thogail agus gus cur ris an ìre cleachdaidh. Tha Seirbheisean Taigh-tasgaidh air taisbeanadh dà-chànanach a chur an comas roimhe le solaraiche bhon taobh a-muigh agus nì iad cinnteach gum bi sgòp a bharrachd ann airson seo ann am prògraman agus riatanasan mìneachaidh san àm ri teachd.

A thaobh foghlam coimhearsnachd, chan eil clasaichean ann do dh'inbich tro phrograman foghlam coimhearsnachd Lodainn an Ear aig an àm seo. Ach, tha cùrsaichean ann an Ceiltis gan tabhann le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh aig an àm seo.

Taobh a-staigh na coimhearsnachd ionadail, tha com-pàirtichean agus buidhnean ann aig a bheil ùidh shònraichte ann a bhith a' togail cheanglaichean a bharrachd ris a' Ghàidhlig, agus tha Urras Dualchais Blàr Sliabh a' Chlamhain (1745) gu sònraichte for-ghnìomhach. Tha Taigh-tasgaidh Seumasach Blàr Sliabh a' Chlamhain, a dh'fhosgail gu h-oifigeil sa Ghiblean 2023, ag amas air sgeulachd a' bhlàir agus a cho-theacsa innse. Tha e a' gabhail a-steach diorama de chruthan-tìre a' bhlàir, nithean eachdraidheil is àrc-eòlach, agus taisbeanadh de dh'obraichean ealain a rinneadh thar nan linntean. Tha mìneachadh agus soidhnichean Gàidhlig anns an taigh-tasgaidh a bharrachd air an raon-bhlàr fhèin. Bidh an t-Urras cuideachd a' brosnachadh susbaint Ghàidhlig sna foillseachaidhean agus prògraman aige. Ag obair còmhla ris an leasaiche/sealbhadair fearainn aig baile ùr Blindwells, tha an t-Urras a' toirt air adhart phlanaichean airson slighe mhìneachaidh timcheall air an raon-catha, le soidhnichean dà-chànanach a bharrachd air conaltradh cànan le luchd-còmhnaidh na coimhearsnachd ùire a tha a' tighinn am bàrr.

Bho chaidh Plana Gàidhlig mu dheireadh na comhairle fhoillseachadh, chaidh ullachaidhean ùra a chur an gnìomh airson a bhith a' lìbhrigeadh sheirbheisean eadar-theangachaidh. Tha seo a' cumail taic ri gealltanas na comhairle seirbheis custamair sàr-mhath a thoirt seachad agus tha e na phàirt de seo dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh feumalachdan conaltraidh nan custamairean againn chun na h-ìre as motha 's a ghabhas. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad fiosrachadh mu na seirbheisean againn ann an cànanan seach Beurla dhaibhsan aig nach eil comas math no comas idir ann am Beurla labhairteach no sgriobhte, a bharrachd air a bhith a' toirt taic conaltraidh do chustamairean aig a bheil ciorraman claisneachd no lèirsinn.

Faodaidh seirbheisean/sgìobaidhean a gheibh iarrtas airson eadar-theangachadh no eadar-mhìneachadh a-nis ceangal dìreach a dhèanamh le aon de na solaraichean ùghdarraichte againn le bhith a' lìonadh foirm òrduigh a thèid an uair sin a chur gu aon de ghrunn sholaraichean aithnichte.

Tha seo a' ciallachadh gu bheil am pròiseas airson a bhith a' cur eadar-theangachadh air dòigh a-nis air àbhaisteachadh, seach a bhith a' dol tro aon sgioba sa mheadhan. Leis a seo, bu chòir gum bi e nas luaithe do sgiobaidhean an t-seirbheis eadar-theangachaidh no eadar-mhìneachaidh fhaighinn, cho math ri bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid am pàigheadh a thoirt seachad gu sgiobalta agus gu h-èifeachdach tro bhith a' dèiligeadh ris an t-solaraiche gu dìreach.

Chaidh pròiseas Measadh Buaidh Amalaichte na comhairle atharrachadh gus am bi ceistean sgrìonaidh ann mun Ghàidhlig. Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas a' comharrachadh na sgrìobhainn seo a bharrachd air Plana Nàiseanta na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cruthachadh phoileasaidhean a rèir a' Phlana.

A' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an Gnìomh

Aig an ìre ionadail agus tro bhith a' dèanamh feum de chothroman gus co-obrachadh le buidhnean poblach eile le agus com-pàirtichean dealbhaidh coimhearsnachd, tha Comhairle Lodainn an Ear gu mòr airson pàirt a ghabhail ann an cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Anns an earrainn seo, tha sinn a' cur an cèill mar a bhios sinn a' coileanadh an amais seo.

Ged a thèid na diofar raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tro Phlana Ghàidhlig na comhairle, bidh cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro leasachaidhean is measaidhean poileasaidh eile. Nì Comhairle Lodainn an Ear sgrùdadh air na gealltanasan poileasaidh againn gus cothroman a lorg annta gus a' Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur air adhart ann an dòighean eile. Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh, air foghlam agus air luchd-ionnsachaidh inbheach mar phrìomh dhòigh gus seo a dhèanamh. Tha gnìomhan gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson a bhith a' toirt fàs air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Lodainn an Ear air am mìneachadh gu mionaideach anns an earrann "Ionnsachadh is Cleachdadh na Gàidhlig" sna gealltanasan againn (earrann 2.5).

2. GEALLTANASAN

Tha e na rùn aig Comhairle Lodainn an Ear dèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Anns an earrainn seo, tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin. Gus dèanamh cinnteach gum bi an aon seòrsa cruth is coltas air a' phlana seo 's a bha air a' Phlana Ghàidhlig mu dheireadh, tha na gnìomhan a ghabhas Comhairle Lodainn an Ear gus a dealas a thaobh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig dhan Ghàidhlig air an cur fo chòig cinn:

Dearbh-aithne agus inbhe a' gabhail a-steach, aithne-chorporra agus soidhnichean ann a bhith a' cur ri faicsinneachd, cluinntinneachd, aithne agus meas dhan Ghàidhlig

Conaltradh, a' gabhail a-steach fàilteachas, fòn, post agus post-dealain, foirmichean agus pròiseasan gearain

Foillseachaidhean, a' gabhail a-steach dàimh phoblach agus na meadhanan, stuthan clò-bhuailte agus làraichean-lìn

Luchd-obrach, a' gabhail a-steach trusadh is trèanadh.

Togail agus Cleachdadh na Gàidhlig: a' toirt cothrom do dhaoine sgilean labhairt, leughaidh is sgrìobhaidh a thogail sa Ghàidhlig agus a' cur an comas cleachdadh na Gàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean sòisealta, foirmeil is obrach.

Tha iad seo a' cumail taic ris na trì cuspairean ro-innleachdail a chaidh ainmeachadh.

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh gun urrainn gnìomhan anns gach fear de na raointean seo cur ri faicsinneachd agus inbhe na Gàidhlig agus gus cothroman a bharrachd a chruthachadh airson luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh gus an cànan a chleachdadh.

Nì a' chomhairle cinnteach gu bheil Buidhnean Leth-eisimeileachd, com-pàirtichean coimhearsnachd agus solaraichean seirbheis treas-phàrtaidh mothachail air plana na comhairle agus gu bheilear an dùil gun cum iad ris na prionnsapalan agus/no na gealltanasan sa phlana.

Thèid leasachaidhean no iomairtean sam bith gus a' Ghàidhlig a dhèanamh taobh a-staigh nan goireasan a th' ann mar-thà. Mar eisimpleir, rachadh soidhnichean rathaid dà-chànanach "Fàilte gu Lodainn an Ear" a dhèanamh air stèidh ùrachaidh/ ath-nuadhachaidh.

Nuair a bhios e a dhìth, cleachdaidh a' chomhairle stòr-dàta Ainmean-Àite na h-Alba anns a bheil fiosrachadh ùghdarrasail mu chruthan Gàidhlig ainmean-àite, a tha a rèir Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig.

2.1 Dearbh-aithne agus inbhe

Faodaidh Gàidhlig anns an aithne chorporra agus air na soidhnichean aig ùghdarras poblach cur gu mòr ri faicsinneachd a’ chànan, agus tha e a’ toirt seachad teachdaireachd làidir gu bheil an t-ùghdarras poblach a’ cur luach anns a’ Ghàidhlig agus air mar a thathar a’ toirt aithne dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cur cuideachd ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, mothachadh poblach dhan chànan a thogail agus cur ri a leasachadh. Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha e a bhith a’ cur ri faicsinneachd na Gàidhlig, a’ cur ri a h-inbhe agus a bhith a’ cruthachadh ìomhaigh fhàbharach dhan chànan.

Dleastanas	An suidheachadh làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil air a mholadh/ taisbeanair	Prìomh sheirbheis/ oifigear	Clàr-ama
Aithne chorporra	Chan eil eileamaid Ghàidhlig sam bith air a bhith ann an aithne-chorporra Comhairle Lodainn an Ear roimhe. Ged a rinneadh lèirmheas air seo bhon Phlana Ghàidhlig mu dheireadh, cha deach atharrachadh a chur an gnìomh fhathast.	Thèid dreachan dealanach de suaicheantas na comhairle ùrachadh gus iomradh Ghàidhlig a thoirt a-steach, air stèidh dà-chànanach. Nì seo cinnteach, nuair a thèid an suaicheantas iarraidh/no ma dh’fheumar a chleachdadh san àm ri teachd (co-dhiù a tha seo airson taisbeanadh didseatach no fiosaigeach), gum bi a’ Ghàidhlig air a gabhail a-steach. Thèid seo a chur an àite suaicheantasan a tha air an taisbeanadh mar-thà, leithid air togalaichean poblach, nuair a thèid an ùrachadh.	Bidh a’ Ghàidhlig air a ghabhail a-steach anns a h-uile dreach de shuaicheantas na comhairle a thèid a stòradh airson cleachdadh san àm ri teachd, agus thèid iomradh a thoirt air sin taobh a-staigh stiùiridhean a’ bhrannnd.	Manaidsear Seirbheis - Conaltradh	Am Faoilleach 2026
Soidhnichean	Chan eil ach glè bheag de shoidhnichean dà-chànanach	Tha sgrùdadh air soidhnichean Beurla ‘Fàilte gu Lodainn an Ear’ air rathaidean ris a bheil comhairle	Bidh soidhnichean fàilte air na prìomh shlighean a-steach gu	Manaidsear Seirbheis - Rathaidean	Am Faoilleach 2030

	ann an Lodainn an Ear	Lodainn an Ear an urra air sealltainn gu bheil gach soidhne ann an deagh staid an-dràsta agus nach eil iad feumach air ùrachadh. Ma tha feum air soidhne ùr sam bith den t-seòrsa seo airson a dhol an àite seann soidhne (mar eisimpleir, ma thèid a mhilleadh), bidh seo a' gabhail a-steach na Gàidhlig.	Lodainn an Ear a' gabhail a-steach na Gàidhlig, a' nochdadh spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.		
--	-----------------------	---	--	--	--

2.2 Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a' chomhairle tro mheasgachadh de chonaltradh air-loidhne, aghaidh-ri-aghaidh no air a' fòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh a' chàinain, agus tha seo a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air seo. Tha Comhairle Lodainn an Ear mothachail air cho cudromach is a tha e cumail oirnn a bhith a' cruthachadh chothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ri a saoranaich agus cuiridh i ris an ìre de sholarachadh aice anns an raon seo mean air mhean.

Dleastanas	An suidheachadh làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil air a mholadh/taisbeanair	Prìomh Sheirbheis/oifi gear	Clàr-ama
Eàrr-sgrìobhaidh ean puist-d	Cha robh roghainn Gàidhlig ann mar phàirt de dh'eàrr-sgrìobhaidhe an puist-d corporra na comhairle roimhe seo.	Tha an roghainn Eàrr-sgrìobhaidhean puist-d a bhith ann agus tha seo air a bhrosnachadh do gach neach-obrach.	Tha roghainn aig a h-uile neach-obrach Gàidhlig a chur a-steach dhan eàrr-sgrìobhaidh puist-d aca	Manaidsear Seirbheis - Conaltradh	An Dùbhlachd 2025
Ionadan-fàilte	Ged nach eil solar sònraichte aig a' chomhairle airson Gàidhlig ann	A' togail air obair a rinneadh roimhe, bithear fhathast a' toirt trèanadh do luchd-obrach ionad-fàilte agus	Thèid conaltradh iomchaidh a dhèanamh le custamaire	Manaidsear Seirbheis - Seirbheis Chustamairean	Leantainneach

	an ionadan-fàilte, tha cothrom air seirbheisean eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh ann, Gàidhlig nam measg.	daoine a tha ag obair leis a' phoball gus dèanamh cinnteach gun coileanar feumalachdan chustamairean ann an cànanan seach Beurla, a' gabhail a-steach na Gàidhlig. Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh solar Gàidhlig taobh a-staigh na seirbheis Eadar-theangachadh is eadar-mhìneachadh gus dèanamh cinnteach gum bi spèis cho-ionann aig a' Ghàidhlig. Bidh e comasach do chustamairean aig a bheil Gàidhlig eadar-theangachadh Gàidhlig iarraidh.	an a thig a-steach gu ionadan fàilte ann an oifisean na Comhairle ge b' e dè an cànan a bhruidhneas iad Bidh fios aig an luchd-obrach uile ann an seirbheisean chustamairean / san ionad chonaltraidh air mar a gheibhear taic airson conaltradh sa Ghàidhlig	Manaidsear Seirbheis - Riaghlachas	
Fòn	Chan eil comas sònraichte aig a' Chomhairle aig an àm seo a bhith a' dèiligeadh ri gairmean fòn sa Ghàidhlig.	Bithear fhathast a' toirt trèanadh do luchd-obrach an ionad chonaltraidh gus dèanamh cinnteach gun coileanar feumalachdan chustamairean ann an cànanan seach Beurla, a' gabhail a-steach na Gàidhlig. Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh solar Gàidhlig taobh a-	Thèid conaltradh iomchaidh a dhèanamh le custamairean a chuireas fios chun na Comhairle air a' fòn ge b' e dè an cànan a bhruidhneas iad	Manaidsear Seirbheis - Seirbheis Chustamairean Manaidsear Seirbheis - Riaghlachas	An Dùbhlachd 2026

		staigh na seirbheis Eadar-theangachadh is eadar-mhìneachadh gus dèanamh cinnteach gum bi spèis cho-ionann aig a' Ghàidhlig. Bidh e comasach do chustamairean aig a bheil Gàidhlig eadar-theangachadh Gàidhlig iarraidh.	Bidh fios aig an luchd-obrach uile ann an seirbheisean chustamairean / san ionad chonaltraidh air mar a gheibhear taic airson conaltradh sa Ghàidhlig		
Co-sgrìobhadh sgrìobhte, conaltradh didseatach agus coinneamhan	Às dèidh ath-bhreithneachadh a rinneadh, tha rèiteachaidhean ùra aig a' chomhairle airson taic eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh	Nì a' chomhairle barrachd obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh ri fhaighinn/agus gu bheil mothachadh air na rèiteachaidhean gus taic eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh a thoirt seachad far a bheil feum air, a' gabhail a-steach airson a bhith: • A' toirt seachad fiosrachadh mu chothrom air seirbheisean • A' cuideachadh le coinneamhan aghaidh-ri-aghaidh	Bidh fios aig an luchd-obrach uile mun t-solar gus post is post-d eadar-theangachadh gu is bho Ghàidhlig agus tuigidh iad na h-ullachaidhean gus seo a chur air dòigh.	Manaidsear Seirbheis– Riaghlachas Manaidsear Seirbheis: - Conaltradh	Am Faoilleach 2027

		• Sgrìobhaid hean air an eadar-theangachadh a dh'fheum as ainm-sgrìobhte chustamair, m.e. aonta màil • A' conaltradh le custamair ean gus am beachdan fhaighinn. Nì seo cinnteach gun gabh fiosrachadh/conaltradh eadar-theangachadh agus gun tèid freagairtean a thoirt seachad sa Ghàidhlig taobh a-staigh clàr-ama aontaichte nuair a bhios feum air seo, a' nochdadh spèis cho-ionnan. Bidh teachdaireachd air làrach-lìn na comhairle a tha a' cur an cèill gu bheil a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig.			
--	--	--	--	--	--

2.3 Foillseachaidhean

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd de stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cur ri faicsinneachd a' chànain, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigheil, agus tha e a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh briathrachais ùr agus a' cur ri briathrachas a th' ann mar-thà. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' dearbhadh gu bheil an t-ùghdarras poblach airson cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Agus barrachd dhaoine a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhith a' cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha Comhairle Lodainn an Ear air rùnachadh cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Dleastanas	An suidheachadh làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil air a mholadh/taisbeanair	Prìomh Sheirbheis/oifigear	Clàr-ama
Làrach-lìn	Tha goireas ruigsinneachd agus eadar-theangachaidh air làrach-lìn na comhairle agus gabhaidh Gàidhlig a chur air susbaint san dòigh seo.	Bidh suaicheantas/de arbh-aithne dà-chànanach Comhairle Lodainn an Ear air làrach-lìn na comhairle, a thèid ùrachadh/ath-bhogadh ann an 2026 airson a' chiad uair. Thèid goireas eadar-theangachaidh a chuireas Gàidhlig air susbaint lìn a chumail suas agus a leasachadh. Siridh sinn cothroman gus cur ri fuincseanaileachd nam	Bidh susbaint lìn agus branndadh air làrach-lìn corporra na comhairle rim faighinn sa Ghàidhlig	Manaidsear Seirbheis - Seirbheisean Chustamairean	An Dùbhlachd 2026

		foirmichean didseatach agus siostaman treas-pàrtaidh a tha ceangailte ris an làrach-lìn.			
Dàimhean Poblach agus Meadhanan Sòisealta	Tha beagan susbaint airson nam meadhanan/meadhanan sòisealta air a thoirt seachad leis a' chomhairle sa Ghàidhlig	Thèid prìomh bhrathan naidheachd agus ùrachaidhean air na meadhanan sòisealta a thaobh cho-dhùnaidhean buidseit na comhairle fhoillseachadh gu for-ghnìomhach sa Ghàidhlig a bharrachd air a' Bheurla. Thèid fiosan naidheachd agus ùrachaidhean air na meadhanan sòisealta a thaobh thachartasan/co-chomhairlean buntainneach fhoillseachadh gu for-ghnìomhach sa Ghàidhlig a bharrachd air sa Bheurla.	Gheibh luchd-leantainn nam meadhanan agus nam meadhanan sòisealta fiosrachadh sa Ghàidhlig cho math ri Beurla mu cho-dhùnaidhean buidseit agus tachartasan /co-chomhairlean iomchaidh eile. Gabhaidh gach fios naidheachd air làrach-lìn na Comhairle eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig san dòigh seo.	Manaidsear Seirbheis - Conaltradh	An Dùbhlachd 2025
Stuth Clò-bhuailte - sgrìobhainnean agus pàipearan na comhairle	Cha bhi a' chomhairle a' dèanamh stuth clò-bhuailte sa Ghàidhlig gu cunbhalach	Sgaoilidh a' chomhairle fios gu gnìomhach gu bheil am fiosrachadh clò-bhuailte air fad ri fhaighinn sa Ghàidhlig air iartras.	Bidh aithris ann gu bheil comas aig a' chomhairle am fiosrachadh clò-bhuailte uile a thoirt seachad ann	Manaidsear Seirbheis - Conaltradh	An Dùbhlachd 2025

			an cànanan seach Beurla.		
Stuth Clò-bhuailte ann an leabharlannan	Tha barrachd leabhraichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig aig Seirbheisean nan Leabharlannan anis	Cuiridh Seirbheis nan Leabharlannan leabhraichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a fhuairidh ris a' chatalog Cumaidh Seirbheisean nan Leabharlannan air a' dèanamh obair sanasachd a' cur cuideam air mar a tha barrachd leabhraichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig rim faighinn.	Cumaidh Seirbheis nan Leabharlannan stòras de ghoireasan clò-bhuailte is didseatach sa Ghàidhlig Obair gus sanasachd a dhèanamh air seo air a dèanamh.	Manaidsear Seirbheis - Chustamairean agus Àrd-leabharlannaichean	Am Faoilleach 2026
Ceanglaiche an eadar leabharlannan agus sgoiltean	Chan eil mòran ceanglaichean ann eadar leabharlannan agus sgoiltean far a bheilear a' lìbhrigeadh FtG/FLI.	Comharraich ceanglaichean eadar Seirbheis nan Leabharlannan agus sgoiltean far a bheilear a' lìbhrigeadh FtG no FLI (Foghlam Luchd-ionnsachaidh).	Ceanglaiche an nas fheàrr ann agus goireasan co-cheangailte ri Gàidhlig air an co-roinn eadar sgoiltean agus leabharlannan Lodainn an Ear.	Manaidsear Seirbheis - Chustamairean agus Àrd-leabharlannaichean	Am Faoilleach 2028
Taisbeanaidhean Poblach agus dualchas	Tha a' chomhairle air beagan ullachaidh a dhèanamh airson taisbeanaidhean dà-chànanach.	Nì Seirbheis nan Taighean-tasgaidh cinnteach gum bi sgòp a bharrachd airson solar Gàidhlig ann am	Tha ullachadh ann am poileasaidhean taisbeanaidhean Seirbheis	Manaidsear Seirbheis - Chustamairean	An Dùbhlachd 2026

		feumalachdan prògramaidh is mìneachaidh san àm ri teachd. Coimheadaidh a' chomhairle air cothroman com-pàirteachais iomchaidh le buidhnean coimhearsnachd leithid Urras Dualchais Blàr Sliabh a' Chlamhain (1745) gus iomairtean fo stiùir na coimhearsnachd a bhrosnachadh a tha ag aithneachadh agus a' brosnachadh na Gàidhlig.	Taighean-tasgaidh is Leabharlann an airson Gàidhlig ann an taisbeanaidhean	Manaidsear Seirbheis - Conaltradh	
--	--	---	--	-----------------------------------	--

2.4 Luchd-obrach

Rinn a' chomhairle suirbhidh luchd-obrach ann an 2023 anns an robh ceist mu sgilean Gàidhlig. Fhuair seo a-mach gun robh Gàidhlig aig 11 luchd-obrach, naoinear thidsear nam measg. Dh'aithris trì-deug luchd-freagairt, a' gabhail a-steach naoinear luchd-teagaisg, gun urrainn dhaibh Gàidhlig a leughadh, agus thuirt sianar a bharrachd, còignear nan luchd-teagaisg – gun urrainn dhaibh Gàidhlig a sgrìobhadh.

Gus seirbheisean a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach gun tèid na sgilean-obrach iomchaidh agus na sgilean cànan aig an luchd-obrach a thoirt air adhart. Tha solarachadh cothroman ionnsachaidh do luchd-obrach a' cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhe agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil feumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean far a bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànan agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil buannachdail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd le bhith a' sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite sònraichte aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ri choileanadh taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge b' e dè na sgilean a tha riatanach tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na fìor riatanas san dreuchd.

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' faicinn na Gàidhlig mar sgil obrach cudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil e riatanach no feumail a cleachdadh agus tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do luchd-obrach na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh mas urrainn dhaibh agus ma tha iad airson an cleachdadh gus taic a chumail ri Plana Gàidhlig na Comhairle.

Dleastanas	An suidheachadh làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil air a mholadh/ taisbeanair	Prìomh Sheirbheis/oifige ar	Clàr-ama
Conaltradh a-staigh	Nithear beagan brosnachaidh air a' Ghàidhlig tro phrìomh shianalan in-chonaltraidh na comhairle	Bidh a' chomhairle a' brosnachadh a cuid obrach gus a' Ghàidhlig a chumail seasmhach agus gus a leasachadh air an taobh a-staigh gach bliadhna, agus cuiridh e fòcas air adhartas le bhith a' lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig, mar phàirt de Sheachdain na Gàidhlig.	Thèid artaigean fhoillseachadh tro Inform, iris-d mhìosail na comhairle do luchd-obrach.	Manaidsear Seirbheis - Conaltradh	An Gearran 2026
Fastadh	Thèid a h-uile obair aig a' chomhairle a shanasachd air làrach-lìn myjobscotland.com aig nach eil seirbheis eadar-theangachaidh cànan	Siridh a' chomhairle aonta gus comas eadar-theangachaidh a chur ri làrach-lìn myjobscotland, a tha air a ruith le COSLA gus am bi a h-uile sanas obrach ri fhaighinn sa Ghàidhlig.	Ma dh'aontaicheas COSLA, nochdaidh sanasan dà-chànanach airson obraichean far a bheil feum air Gàidhlig air myjobscotland Thèid sanasachd a	Manaidsear Seirbheis - Daoine agus Taic Comhairle	An Dùbhlachd 2026

		San eadar-ama, ma bhios riatanas ann a thaobh na Gàidhlig airson dreuchd, nì a' chomhairle a h-ullachaidhean fhèin gus dèanamh cinnteach gum bi pròifil na dreuchd agus fiosrachadh co-cheangailte ri fhaighinn sa Ghàidhlig taobh a-staigh làrach-lìn na Comhairle agus gun tèid seo a bhrosnachadh gu h-ìomchaidh Thèid fios a chur gu COSLA (a tha an urra ri làrach-lìn myjobscotland) ag iarraidh orra beachdachadh air goireas eadar-theangachaidh cànan a chur air an làrach-lìn agus air na foirmichean iarrtais aca	dhèanamh air obraichean le riatanas airson na Gàidhlig air làrach-lìn na comhairle		
--	--	--	---	--	--

Trèanadh is ionnsachadh cànan	Chan eil mòran iarrtais air a bhith ann airson trèanadh Gàidhlig bhon luchd-obrach	Cùm oirnn a' dèanamh sgrùdadh air/a' coimhead air iarrtas airson ionnsachadh na Gàidhlig do luchd-obrach Cuir modail e-ionnsachaidh le prìomh fhios mu 'Ghàidhlig is Alba' air chothrom agus broснаich e do luchd-obrach, mar phàirt de shreath chothroman ionnsachaidh is leasachaidh na comhairle. Brosnaich goireasan LearnGaelic didseatach do luchd-tòiseachaidh taobh a-staigh na comhairle am measg luchd-obrach.	Barrachd com-pàirteachadh le Gàidhlig agus mothachadh air Gàidhlig aig luchd-obrach	Manaidsear Leasachaidh na Buidhne	Am Faoilleach 2026
--------------------------------------	--	---	---	-----------------------------------	--------------------

2.5 Togail agus Cleachdadh na Gàidhlig

Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air àireamh an luchd-labhairt ann an Lodainn an Ear.

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh, a chleachdadh agus luach a chur ann thar gach raon de bheatha ma tha a' Ghàidhlig gu bhith seasmhach san àm ri teachd. Gus seo a choileanadh, tha e na rùn dhuinn an cànan a leabachadh nas fharsainghe tro chom-pàirteachadh coimhearsnachd, solar foghlaim seasmhach, agus slighean adhartais.

Is iad na h-amasan ro-innleachdail againn san raon seo:

- **Cuir ri cothroman com-pàirteachaidh coimhearsnachd** – le bhith a' toirt taic do dh'iomairtean ionadail a chuireas ri mothachadh air a' Ghàidhlig, a bhrosnaicheas com-pàirteachadh ann an ghnìomhachdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus a cultar, agus a chruthaicheas àiteachan follaiseach dhan Ghàidhlig ann am beatha làitheil. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean coimhearsnachd.
- **Dèan cinnteach gum bi foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) seasmhach san fhad-ùine** – le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' leantainn air a' fàs le slighean soilleir bho na tràth-bhliadhnaichean dhan àrd-sgoil agus nas fhaide air adhart. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cumail suas, agus a' toirt fàs air solar FtG, a' comharrachadh chothroman gus obrachadh gu roinneil agus a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach, taic agus eadar-ghluasadan iomchaidh ann.
- **Brosnaich adhartas le Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI)** – le bhith a' cumail taic ri gach sgoil gus Gàidhlig a thabhann mar chànan a bharrachd (L3) taobh a-staigh Poileasaidh Cànanan 1+2, a' dèanamh cinnteach gum bi goireasan àrd-inbhe, iomchaidh a thaobh aois ann, cho math ri ionnsachadh proifeasanta do thidsearan, agus le bhith a' brosnachadh dhòighean-obrach cruthachail gus Gàidhlig a theagasg.
- **Barrachd faicsinneachd aig goireasan agus stuthan Gàidhlig** – le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil faicsinneachd agus làthaireachd nas motha aig a' Ghàidhlig ann an stuthan na comhairle leithid branndadh agus eàrr-sgrìobhaidhean puist-d.

Mar phàrantan corporra, nì a' chomhairle cinnteach, far a bheil sin comasach, nach bi bacadh sam bith air clann is daoine òga a tha no a bha ann an cùram aig a bheil Gàidhlig a thaobh ruigsinneachd air foghlam tron Ghàidhlig. Tha an earrann seo a' co-thaobhadh ri Alt 30 de Chunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (UNCRC), a tha a' daingneachadh còir chloinne an cànan fhèin ionnsachadh agus a chleachdadh, a' gabhail a-steach mion-chànanan agus cànanan dùthchasach leithid Gàidhlig.

Dleastanas	An suidheachadh làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil air a mholadh/ taisbeanair	Prìomh Sheirbheis/oifigear	Clàr-ama
Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG)	Tha seo air a thoirt seachad tro aonta com-pàirteachais le Comhairle Baile Dhùn Èideann aig an àm seo. Tha seo fo sgrùdadh gus beachdachadh air mar a dhèiligear ri àireamhan nas àirde de sgoilearan ann an Comhairle Lodainn an Ear a tha ag iarraidh solar FtG. Thathar a' planadh buidheann stiùiridh ro-innleachdail ionadail ùraichte gus taic a chumail ri planadh is leasachadh leantainneach.	Cùm sùil air agus clàraich àireamhan ann am FtG agus dèan measadh air fiosrachadh na comhairle a thaobh solar FtG. Brosnaich FtG tro sheanailean conaltraidh is lìonraidhean. Dèan ath-sgrùdadh air an t-solar a th' ann mar-thà gus freagairt air àireamhan a tha a' sìor fhàs de dh'iarrtasan airson FtG ann an sgìre Comhairle Lodainn an Ear. Obraich le com-pàirtichean roinneil agus ionadail gus ro-innleachd agus modail libhrigidh amalaichte agus seasmhach a chruthachadh. Dèan suirbhidh com-pàirteachaidh	Dàta mu àireamh nan sgoilearan ann am FtG an-dràsta Gus taic a chumail ris na h-ullachaidhean làithreach gus an cumail a' dol is gus an dearcnachadh. Gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh soilleir ri fhaighinn mu sholar FtG a rèir an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig agus Achd an Fhoghlaim (Alba) (2016). Gus cur ri àireamhan ann am FtG a rèir planaichean	Prìomh oifigearan Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne Comhairle Lodainn an Ear Buidheann Ro-innleachdail na Gàidhlig	An Giblean 2030

	Thathar a' trusadh dàta mu luchd-ionnsachaidh ann am FtG Thèid conaltradh a dhèanamh le pàrantan gus taic a chumail ri planadh co-obrachail Thathar a' dèanamh planadh com-pàirteachais ann an conaltradh le Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig.	phàrantan dhaibhsan aig a bheil clann a tha 3 no 4 bliadhna a dh'aois. Obraich ann an com-pàirteachas le Comhairle Baile Dhùn Èideann agus ùghdarrasan ionadail eile faisg air làimh gus taic a chumail ris na h-ullachaidhean làithreach agus gus an cumail a' dol agus gus planadh a thaobh FtG a cho-thaobhadh. Brosnaich / cùm taic ri solar FtG aig aois ro-sgoil/sgoile – sa mhòr-chuid tro sholar chom-pàirteachaidh làithreach Teaghlaichean: Cruthaich pasgan taic mu FtG do theaghlaichean, dèan lèirmheas air fiosrachadh air an làraich-lìn, agus nithear conaltradh le pàrantan Faigh beachdan dhaoine òga mar phàirt de	ionadail agus nàiseanta		
--	---	--	-------------------------	--	--

		dhealbhadh agus leasachadh sam bith san àm ri teachd. Dèan ath-sgrùdadh air pròiseasan dealbhaidh às dèidh achdachadh Bile nan Cànan Albannach (ris a bheil dùil ann an 2025) gus dèanamh cinnteach gu bheil a' chomhairle a' coileanadh riatanasan reachdail san àm ri teachd.			
Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI)	Chan eil mòran air gabhail ri FLI gu ruige seo. Thathar a' comharrachadh thidsearan le ùidh. Chaidh bun-chùrsaiche an Gàidhlig do thidsearan a thabhann agus a thoirt seachad ann an	Cùm taic ri sgoiltean le planadh is leasachadh FLI tro bhith a' toirt seachad goireasan ionnsachaidh is teagaisg agus cothroman proifeasanta do luchd-teagaisg Brosnaich ìre-cleachdaidh cùrsaichean barantaichte roinneil aig SQA Cruthaich cothrom gus Gàidhlig ionnsachadh mar	Barrachd sgoiltean agus sgoilearan a' gabhail pàirt ann am FLI Barrachd luchd-teagaisg a' dèanamh feum de chothroman leasachaidh a thaobh na Gàidhlig Goireasan Gàidhlig a chaidh a chruthachadh san sgìre ri fhaighinn do	Prìomh oifigearan Comhairle Lodainn an Ear Buidheann Stiùiridh na Gàidhlig	An Giblean 2030

	2019, 2020 agus 2021. Chaidh goireasan FLI a chruthachadh ann an co-bhann ri com-pàirteachas ionadail (Togi Gaelic). Tha iad seo rim faighinn do gach sgoil ann an Lodainn an Ear Chaidh obair com-pàirteachais a chur air dòigh leis a' cho-bhanntachd FLI aig Ùghdarrasan Ionadail.	phàirt de 1+2 agus tro chom-pàirtichean (m.e Abaid a' Bhatail Nuaidh, E-sgoil no sgoiltean ann an Dùn Èideann). Cumar oirnn a' brosnachadh stuthan Gàidhlig, leithid làraich-lìn Go Gaelic aig Stòrlann gus taic a thoirt do leasachadh luchd-teagaisg ann an sgilean Gàidhlig bunaiteach. Faigh beachdan dhaoine òga mar phàirt de phlanadh san àm ri teachd, a' comharrachadh ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a' coimhead air dòighean-obrach agus cothroman gus taic a chumail ri seo— mar eisimpleir, tro thairgsean didseatach do luchd-ionnsachaidh aig an ìre as Àirde. Coimhead air cothroman airson a bhith a' co-obrachadh air com-pàirtichean	luchd-teagaisg agus do sgoiltean.		
--	--	--	--	--	--

		roinneil san raon seo.			
Luchd-ionnsachaidh inbheach	Chan eil Gàidhlig sam bith air a thabhainn aig an àm seo	Obraich còmhla ri com-pàirtichean trèanaidh gus cothroman airson ionnsachadh inbheach a chomharrachadh, le àrdachadh air mothachaidh/a' cur daoine air adhart gu cothroman ionnsachaidh mar a bhios iomchaidh Comharraich daoine sa choimhearsnachd aig a bheil Gàidhlig agus aig a bheil ùidh ann am brosnachadh is leasachadh na Gàidhlig Faigh a-mach barrachd mu bhith a' brosnachadh ionnsachadh inbheach agus mu na tha a' dol ann an ùghdarrasan eile, a' beachdachadh air cothromas mar phàirt de seo	Barrachd cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh sa choimhears nachd ionadail a rèir comas aig com-pàirtichean lìbhrigidh, ma chuireas iad ris na tha iad a' tabhann. Com-pàirteachadh leis a' choimhears nachd Ghàidhlig ionadail nuair a bhios seo a dhith	Manaidsear Seirbheis – Comas Cosnaidh agus Manaidsear Choimhearsnachdan Ceangailte	Thar beatha a' phlana seo.
A' Ghàidhlig ann an Coimhearsnachdan,	Conaltradh agus co-obrachadh a' dol air adhart le	Cùm oirnn le conaltradh le com-pàirtichean nàiseanta agus ionadail gus taic a	Barrachd solar ionnsachaidh is	Prìomh oifigearan Comhairle Lodainn an Ear	Thar beatha a' phlana .

com-pàirteachasan agus lìonraidhean	com-pàirtichean Gàidhlig ionadail Com-pàirtichean air an riochdachadh air buidheann stiùiridh na Gàidhlig aig Comhairle Lodainn an Ear Tha prìomh oifigearan a' riochdachadh Comhairle Lodainn an Ear air lìonraidhean Gàidhlig nàiseanta m.e Gaelic Language Network (GLAN)	chumail ri cothroman ionnsachaidh agus solarachadh FtG san sgìre. Dèan conaltradh leis a' chobhanntachd airson FLI gus coimhead air roghainnean airson cothroman leasachaidh cànan do luchd-obrach. Comharraich com-pàirtichean ionadail (gnìomhachas, turasachd is msaa.) Cùm oirnn a' frithealadh tachartasan lìonraidh nàiseanta, sgaoil fios mu chothroman agus mun Ghàidhlig agus brosnach leasachadh luchd-obrach.	leasachaidh Gàidhlig ann Barrachd com-pàirteachadh le Gàidhlig agus mothachadh air Gàidhlig	Buidheann-obrach na Gàidhlig	
Gàidhlig anns na h-ealainean	Tha a' chomhairle ag aithneachadh gu bheil ùidh/iarrtas ann airson ceòl agus gnìomhachdan cultarail	Ma bhios buidseat ri fhaighinn, nì sgioba Ealainean na comhairle ullachadh airson na Gàidhlig sa phrògram aca, le fòcas air Seachdain na Gàidhlig sa Ghearran, is	Nì poileasaidhean seirbheis nan ealan ullachadh airson gnìomhan ealain Gàidhlig Brosnachadh prògram	Manaidsear Seirbheis - Coimhearsnachdan Ceangailte agus Manaidsear Ealainean	Am Faoilleach 2027

	co-cheangailte ris a' Ghàidhlig	dòcha. Bidh cothroman ann gus seo a chur ri solar meadhanan/meadhanan sòisealta na comhairle.	nan Ealainean agus gnìomhachd an Seachdain na Gàidhlig tro na meadhanan agus tro mheadhana n sòisealta na comhairle		
Seirbheisean clò-bhualaidh is meadhanan do ghnìomhachan san ionadail	Tha aonad clò-bhualaidh in-thaigh aig a' chomhairle a tha airson fòcas nas coimeirsealta a thogail	Sgaoilidh a' chomhairle fios gu bheil a h-aonad clò-bhualaidh in-thaigh ann, le comas stuthan a dhèanamh sa Ghàidhlig do ghnìomhachasan ionadail a tha feumach air a leithid.	Bidh fios aig gnìomhachan san ionadail gu bheil comas aig a' chomhairle stuthan clò-bhuailte a dhèanamh air stèidh choimeirsealta, a' gabhail a-steach sa Ghàidhlig.	Manaidsear Seirbheis – Conaltradh	Am Faoilleach 2025

3. BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Thèid plana Gàidhlig Comhairle Lodainn am Ear fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn agus bidh lethbhreacan pàipeir rim faighinn ma thèid seo iarraidh. A bharrachd air seo, sgaoilidh sinn fios dhan phoball tro fhios naidheachd agus tro na meadhanan sòisealta, agus dhan luchd-obrach againn tron eadra-lìon againn.

Tha am plana seo mar poileasaidh Comhairle Lodainn an Ear agus chaidh aontachadh le Sgioba-stiùiridh agus Buill na Comhairle.

Thèid pròiseas Measadh Buidh Amalaichte na comhairle atharrachadh gus a bhith a' toirt a-steach ceistean sgrionaidh a' buntainn ris a' Ghàidhlig agus a' toirt stiùireadh dhaibhsan a tha a' cruthachadh phoileasaidhean ùra buntainneach dhan phoileasaidh seo agus do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean air an cruthachadh a rèir a' Phlana.

Bidh an t-Àrd-oifigeir cunntachail aig a' cheann mu dheireadh airson dèanamh cinnteach gun coilean a' chomhairle na gealltanasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo.

Tha sinn air an t-uallach airson nan diofar cheuman ann an Caibideil 2 a riarachadh do luchd-obrach fa leth agus tha sinn air cinn-latha sònraichte a chomharrachadh airson targaidean fa leth nuair a tha sinn an dùil gealltanasan sònraichte a chur an gnìomh.

Sgrùdaidh a' chomhairle cur an gnìomh a' Phlana Gàidhlig tro bhith ag aithris dà thuras sa bhliadhna air adhartas le buileachadh nan gnìomhan ann an Caibideil 2. Thèid na h-aithisgean adhartais seo a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

FIOS CONALTRAIDH

'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Ear:

Hayley Barnett
Ceannard Taic Chorporra
hbarnett@eastlothian.gov.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Stewart Cooper
Manaidsear Seirbheis: - Conaltradh
scooper@eastlothian.gov.uk



Faodar tionndaidhean den bhileig seo a thoirt seachad ann am Braille, clò-mòr, teip claisneachd no sa chànan agad fhèin. Airson taic, cuiribh fòn gu: **01620 827 827** Faodaidh luchd-cleachdaidh BSL fios a chur thugainn tro **www.contactscotland-bsl.org**

Comhairle Lodainn an Ear

Conaltradh

Taigh Iain Muir

Brewery Park, Haddington

Lodainn an Ear EH41 3HA

communications@eastlothian.gov.uk

www.eastlothian.gov.uk/gaelic-language-plan

Ionad Conaltraidh: **01620 827 827**